

Plana Obrachaidh Corporra

An Giblean 2021-Am Màrt 2022

Ar Misean agus Luachan

'S e misean HIAL a bhith a' cruthachadh bhuannachdan sòisealta agus soirbheas eaconamach le bhith a' togail buidheann phort-adhair seasmhach Albannach airson an àm ri teachd.

Tha seo air a dhaingneachadh leis an lèirsinn againn gu bheil sinn airson a bhith nar 'buidheann phort-adhair roinneil a tha net-zero a thaobh carboin'.

Luachan HIAL

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile agus bhuainn fhìn; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile.



Fosgailteachd

Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/sna sgilean againn; chan eil sinn ag obair ann an sloc fèin-ùidh.

Spèis

Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus co-obraichean; cha dèan sin dearmad air feumalachdan chàch.

Ùr-ghnàthachadh

Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh nas fheàrr san àm ri teachd, cha bhi sinn dìreach a' gabhail ris an status quo.

Uallach

Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gnìomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.

Sàr-mhathas

Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dicheall gus an ìre as fheàrr as urrainn dhuinn a libhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lugha.

Ro-ràdh

Tha an Ro-innleachd againn a' mìneachadh nan amasan agus nam prìomhachasan ro-innleachdail a tha sinn air comharrachadh gus cuideachadh le bhith a' togail lionra puirt-adhair roinneil a tha neodrach a thaobh carbon, agus aig an aon àm a bhith a' cumail air a' toirt taic do shoirbheas eaconamach agus a' libhrigeadh bhuannachdan sòisealta do choimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Bha sinn an dùil tionndadh eile den phlana ro-innleachdail againn a chur air bhog sa Mhàrt 2020 - dìreach mun aon àm 's a thòisich galar lèir-sgaoilte Covid-19. Cho-dhùin sinn foillseachadh a' phlana againn a chur dheth gus am b' urrainn dhuinn an cothrom a ghabhail gus ath-bhreithneachadh a dhèanamh air buaidh Covid-19 air an obair againn agus air mar a chuireas sinn prìomhachas air na h-amasan is cinn-uidhe againn sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine.

Mar thoradh air sin, tha am Plana Ro-innleachdail againn gu bhith na Phlana Ro-innleachd is Ath-bheothachaidh Covid-19, a' cur an cèill mar a tha sinn ag amas air freagairt a thoirt air a' bhuaidh mhòr a bh' aig Covid-19 air a' ghnìomhachas againn ann an 2020 agus mar a tha sinn ag amas air ath-bheothachadh sna bliadhnan ri teachd.

Chaidh am plana obrachaidh corporra seo airson Giblean 2021-Màrt 22 a dhealbhadh gus na gnìomhan a shealltainn a nì sinn gus na seachd prìomhachasan againn anns an Ro-innleachd agus Plana Ath-bheothachaidh Covid-19 airson 2021-26 a choileanadh:

- **Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd**
- **A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne**
- **Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd**
- **Fàs Ionmhasail Seasmhach**
- **A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach**
- **A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail**
- **A' Leasachadh nan Daoine Againn**

Tha cuid de na gnìomhan anns a' phlana seo farsaing agus mòr ann an sgèile, agus mar sin dh'fhaodte gum bi a' dol thairis air barrachd air aon bliadhna ionmhais. Mar sin, thèid cuid de na gnìomhan a chur air adhart do phlanaichean obrachaidh san àm ri teachd airson crìochnachadh.

A' sgrùdadh agus ag aithris air adhartas

Thèid aithisgean adhartais ullachadh air na gnìomhan sa Phlana Obrachaidh Corporra seo gach ràith gus fiosrachadh coileanaidh a thoirt seachad gus an urrainn dhuinn na gnìomhan againn a stiùireadh gu h-èifeachdach san àm ri teachd.

Thèid na h-aithisgean adhartais a sgrùdadh leis an Àrd-sgioba Stiùiridh mar phàirt den dleastanas aca a thaobh planadh is sgrùdadh coileanaidh. Bheir am pròiseas aithris sealladh nas fheàrr do na h-àrd-mhanaidsearan againn air libhrigeadh nan gnìomhan ro-innleachdail againn agus nì e cinnteach gum bi riaghladh nan gnìomhan againn san àm ri teachd èifeachdach.

Thèid na h-aithisgean coileanaidh ràitheil a cho-roinn le Bòrd HIAL gus an urrainn dhaibh an sgrùdadh. Thèid aithris air adhartas gach bliadhna ann an Aithisg Bhliadhnail is Cunntasan HIAL.

Prìomhachasan Ro-innleachdail



Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd

Deasaich ro-innleachd àrainneachdail fharsaing do HIAL agus cruthaich mapa-rathaid gus ar lèirsinn a choileanadh gum bi sinn nar buidheann puirt-adhair roinneil a tha net-zero a thaobh carboin.

Libhrig bun-structar airson na h-Àrainneachd Deuchainn Adhair Seasmhaich ann an Arcaibh, a' gabhail a-steach a bhith a' togail hangar do phlèanaichean, ceanglaichean dealain agus leasachaidhean air ruigsinneachd uachdar.

Cuir a-steach aonadan teàirrdsidh talmhainn ùr a tha èifeachdach a thaobh na h-àrainneachd gus taic a chumail ri bhith a' lughdachadh carbon agus gus sgaoilidhean piob-traoghaidh a lughdachadh aig a h-uile port-adhair aig HIAL.

Cuir a-staigh solasan lùth-èifeachdach anns gach port-adhair aig HIAL mar phàirt den phrògram againn gus obraichean agus bun-structar nam port-adhair a dhi-charbonachadh.

A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
Fàs Ionmhasail Seasmhach
A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
A' leasachadh nan Daoine Againn

Clàr-ama

Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile	R1	R2	R3	R4



A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne

Libhrig a' chiad cheum buileachaidh den Ro-innleachd Riaghladh Trafaig Adhair aig HIAL a' gabhail a-steach a bhith a' cur an dreuchd cunnradair airson fuasgladh an tùir iomallaich, airson a bhith ag ùrachadh a' Cho-aonad Faire ùr agus airson a bhith ag obrachadh radar aig Port-adhair Sumburgh in-thaigh.

Cuir ri ruigsinneachd luchd-cleachdaidh le bhith a' cruthachadh frèam-obrach farsaing an com-pàirteachas le buidhnean ruigsinneachd gus riatanasan bun-structair agus taic a libhrigeadh do luchd-siubhail le feumalachdan sònraichte aig puirt-adhair uile HIAL.

Thoir piseach air na goireasan puirt-adhair againn airson luchd-siubhail is luchd-obrach às dèidh Covid-19 le bhith a' libhrigeadh farsaingeachd de sheirbheisean contactless. Bidh seo a' gabhail a-steach àiteachan fios-air-ais bho luchd-cleachdaidh aig a h-uile port-adhair, leughadairean cairt-bòrdachaidh agus geataichean fàgail fèin-obrachail, agus sganairean bodhaig tèarainteachd aig Puirt-adhair Inbhir Nis agus Sumburgh.

Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
Fàs Ionmhasail Seasmhach
A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
A' leasachadh nan Daoine Againn

Clàr-ama

Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile	R1	R2	R3	R4



Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd

Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
Fàs Ionmhasail Seasmhach
A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
A' leasachadh nan Daoine Againn

Clàr-ama

	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					R1	R2	R3	R4
	Dèan sgrùdadh air iartas bho luchd-siubhail agus clàran-ama airson ath-bheothachadh bho Chovid-19, le bhith ag obair gu dlùth le buidhnean com-pàirteachaidh agus le fòrman gnìomhachas, gus faighinn a-mach de na feumalachdan a th' aig gnìomhachasan air an t-slighe a-steach is a-mach, agus aig gnìomhachasan cur-seachadan is siubhail.								
Cruthaich dòighean-obrach ùra a thaobh leasachadh shlighean agus beachdaich air diofar mhodailean taic ionmhais airson companaidhean-adhair, a' gabhail a-steach sgrùdadh air structaran chisean, barrantasan teachd-a-steach agus roghainnean airson modailean gus cunnart a cho-roinn.									
Obraich le companaidhean-adhair gus cuideachadh le ath-bheothachadh agus cumail shlighean làithreach, le amas a bhith a' ruighinn 25% de na h-ìrean luchd-siubhail ro Chovid-19 agus den teachd-a-steach aig companaidhean-adhair ro dheireadh na bliadhna ionmhais.									



Fàs Ionmhasail Seasmhach

Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
A' leasachadh nan Daoine Againn

Clàr-ama

	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					R1	R2	R3	R4
	Libhrig pròiseactan bun-structair puirt-adhair a' gabhail a-steach ath-uachdarachadh raon-laighe Cheann Loch Chille Chiarain, leasachadh togalach puirt-adhair Bharraigh, podaichean-fuirich ann am Port-adhair Ìle agus obair bleith cladaich ann am Port-adhair Steòrnabhagh.								
Dèan sgrùdadh air diofar mhodailean de sholarachadh seirbheis agus airson a bhith a' maoineachadh ghoireasan airson gnìomhan obrachaidh aig na puirt-adhair againn agus leasaich na planaichean leantainneachd gnothachais againn le bhith a' cur ri eadar-obrachadh le buidhnean poblach eile.									
Deasaich agus cuir an gnìomh planaichean ath-bheothachaidh teachd-a-steach airson nithean nach eil co-cheangailte ri seirbheisean adhair aig gach port-adhair, a' gabhail a-steach togalaichean agus cothroman reic aig puirt-adhair.									
Cruthaich planaichean malairteach airson roinn na Cumhachd agus airson na h-Àrainneachd Deuchainn Adhair Seasmhaich gus cur ris na sruthan teachd-a-steach làithreach agus gus feadhainn ùra a chruthachadh.									



A' lìbhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach

Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
A' lìbhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
Fàs Ionmhasail Seasmhach
A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail
A' leasachadh nan Daoine Againn

Clàr-ama

	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					R1	R2	R3	R4
	Dean obair leasachaidh air làrach-lìn chorporra HIAL agus air làrach-lìn gach puirt-adhair gus na seirbheisean fiosrachaidh a bhios HIAL a' toirt do na custamairean is luchd-ùidh againn a thaisbeanadh.								
Cleachd anailisean gnìomhachais agus cruinneachadh dàta gus piseach a thoirt air èifeachdas, gus iomairtean a chiumseachadh agus gus cuideachadh le dèanamh cho-dhùnidhean.									
Cuir a-steach siostaman didseatach gus pròiseasan gnìomhachais a dhèanamh nas simplidhe agus gus am bi cothrom nas fheàrr aig HR, Ionmhas agus Obraichean Puirt-adhair air dàta.									
Thoir a-steach agus leasaich teicneòlas tapaidh, leithid mothachairean didseatach agus innealan tomhais gus fiosrachadh bun-structair nas fheàrr fhaighinn gus an urrainn dhuinn na h-àrainneachdan obrachaidh aig na puirt-adhair a ruith nas fheàrr.									



A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail

Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Àrainneachd
A' lìbhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gnìomhan aig Ìre na Cruinne
Leasachadh Shlighean agus a' Cur ri Ceangailteachd
Fàs Ionmhasail Seasmhach
A' lìbhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
A' leasachadh nan Daoine Againn

Clàr-ama

	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					R1	R2	R3	R4
	Leasaich conaltradh corporra farsaing agus Ro-innleachd Com-pàirteachaidh gus piseach a thoirt air conaltradh le luchd-ùidh a-staigh agus a-muigh le com-pàirteachadh luchd-ùidh.								
Obraich ann an com-pàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd, com-pàirtichean seirbheisean adhair agus leis a' choimhearsnachd ionadail gus cuideachadh gus Dleastanas Seirbheis Poblach (<i>Public Service Obligation</i> - PSO) a thoirt a-steach airson Port-adhair Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròd a bhios a rèir feumalachdan an àite.									
Stèidhich aonta com-pàirteachais acadaimigeach le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus comharraich pròiseactan co-obrachaidh gus taic a chumail ri lìbhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn.									
Obraich le Comhairle Baile Dhùn Dè agus com-pàirtichean gus pròiseactan a chomharrachadh agus a lìbhrigeadh gus Port-adhair Dhùn Dè a leasachadh mar phàirt de dh'Aonta Cathair-bhailtean Tatha.									



A' leasachadh nan Daoine Againn

Cùram agus Sàr-mhathas a thaobh na h-Arainneachd
 A' libhrigeadh Seirbheis Custamair agus Gníomhan aig Ìre na Cruinne
 Leasachadh Shlighean agus a' Cùr ri Ceangailteachd
 Fàs Ionmhassail Seasmhach
 A' libhrigeadh Cruth-atharrachadh Didseatach
 A' togail Chom-pàirteachasan Soirbheachail

Clàr-ama

	Ceangailte ri Prìomhachasan Ro-innleachdail eile					Clàr-ama			
						R1	R2	R3	R4
Faigh barantachadh 'Creideas nar Cosnaidhean', leabaich an siostam measaidh ùr againn, leudaich am prògram ceannardais is trèanaidh againn agus cuir Ro-innleachd Preantasachd air bhog gus cur ri sgilean aguscomas ceannais aig gach ìre taobh a-staigh na companaidh.									
Cruthaich modal stiùireadh phròiseactan agus ghoireasan gus pròiseasan a sgioblachadh agus gus cur ri sgilean riaghladh phròiseactan taobh a-staigh nan sgiobaidhean againn.									
Cuir an gnìomh structar pàighidh is ìrean simplidh ùr dhan luchd-obrach uile gus dleastanasan a thaobh pàigheadh co-ionann a choileanadh, gus bìùrocrasaidh a lughdachadh agus gus dèanamh cinnteach gum bi barrachd follaiseachd agus co-ionannachd air feadh na companaidh.									
Deasaich Ro-innleachd Slàinte is Sunnd gus tapachd a thogail am measg an luchd-obrach againn agus comharraich chothroman airson a bhith a' tasgadh ann an slàinte chorporra, shaidhgeòlach agus shòisealta nan co-obraichean againn uile.									

